



Snàmh agus dàibheadh



Snàmh agus dàibheadh

àite: amar-snàmh 50m x 25m,
10 sreathan/amar-dàibhidh,
bùird-dàibhidh 1m, 3m agus 10m

amas: an ùine as luaithe/na puingean as àirde

prìomh riaghailtean: na tòisich ron fhìdeig /na bunaig dà uair mus dàibh thu

farpaisich ealanta: Hannah Miley, Andrew Mayor, Michael Phelps /Tom Daley, Jennifer Abel agus Emilie Heymans

briathrachas: buille-shnàigeach; buille-chùil;
buille-uchd; saor-bhuille; faid;
pongalachd; co-thìmeachadh;
deise-snàmh; briogais-snàmh;
ceap-tòiseachaidh



Snàmh agus dàibheadh

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Dè cho mòr 's a tha amar-snàmh Oilimpigeach?
(50m a dh'fhaid, 25m a leud)
2. Dè na bùird-dàibhidh a tha ann an amar-dàibhidh Oilimpigeach?
(bùird-dàibhidh 1m, 3m & 10m)
3. Ainmich dà bhuille-shnàmh eadar-dhealaichte.
(buille-uchd; buille-shnàigeach; buille-chùil; buille-dealain-dè; saor-bhuille)
4. Ainmich aon riaghailt airson farpais snàmh.
(Na tòisich ron fhìdeig.)
5. Ainmich aon riaghailt airson farpais dàibhidh.
(Na bunsaig dà uair mus dàibh thu.)
6. An urrainn dhutsa snàmh?
(‘S urrainn/chan urrainn)

Obair

1. Faigh a-mach cò na fireannaich agus na boireannaich a bhuannaich buinn òir airson farpais buille-uchd 100m, farpais saor-bhuille 200m agus farpais buille-dealain-dè 50m aig Delhi 2010, agus dè an ùine a thug iad.
2. Dè an diofar eadar an ùine a thug na fireannaich agus na boireannaich a fhuair na buinn òir anns na rèisean sin?
3. An urrainn dhut tuairmse a thoirt air dè cho luath 's a bha am fear a bhuannaich an rèis saor-bhuille 200m a' dol, ann am meatairean gach diog?
4. Dèan clàr anns a bheil ainmean nam farpaiseach bho cheist 1, an dùthaich dham buin iad, agus prìomh-bhaile agus àireamh-sluaigh na dùthcha sin.
5. Chan e dìreach na dùthchannan le àireamh-sluaigh mhòr a tha soirbheachail aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis. Ann am buidheann, beachdaich air na gnòthaichean a tha cudromach ma tha balach no nighean a' dol a ruigheachd àrd-ìre ann am fear de spòrsan nan Geamannan. Dèan liosta de na puingean fo dhà cheann – Math agus Dona.
6. A bheil thu ag aithneachadh gin de na farpaisich ealanta? Tagh aonan agus dèan rannsachadh air/oirre. Taisbean am fiosrachadh a chruinneas tu ann an dòigh tharraingeach, no dèan podcast leis.



Lùth-chleasachd



Lùth-chleasachd

àite: stadium a-muigh no a-staigh, le cuairt-rèisidh 400m x 8 sreathan/achadh sa mheadhan airson farpaisean leum agus tilgeil

amas: an ùine as giorra/an t-astar as fhaide no as àirde

prìomh riaghailtean: na tòisich ron ghunna/na tòisich seachad air an loidhne

farpaisich ealanta: Eric Liddel, Eilidh Child, Mo Farah, Jessica Ennis, Greg Rutherford, Usain Bolt, Olga Rypakova

briathrachas: lùth-chleasaiche; deann-rèis; rèis-chliathan; rèis-phàirteach; rèis-stìopail; leum-àrd; leum-fada; leum-trìbilte; leum-pòla; sleagh; dòrnag; diosgag; òrd; ceap-tòiseachaidh



Lùth-chleasachd

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Càit am bi farpaisean lùth-chleasachd gan cumail?
(ann an stadium a-muigh no a-staigh, le cuairt-rèisidh agus achadh sa mheadhan)
2. Dè cho fada 's a tha a' chuairt-rèisidh?
(400m)
3. Càit am bi na farpaisean leum agus tilgeil a' dol air adhart?
(air an achadh sa mheadhan)
4. Ainmich aon riaghailt airson farpaisean ruith.
(Na tòisich ron ghunna.)
5. Ainmich aon riaghailt airson farpaisean leum.
(Na tòisich seachad air an loidhne.)
6. Ainmich dà rèis shònraichte agus dà fharpais leum.
(deann-rèis, rèis-chliathan, rèis-phàirteach, rèis-stiopaill/ leum-àrd, leum-tribilte, leum-pòla)
7. Ainmich dà rud a thèid a thilgeil ann am farpaisean lùth-chleasachd.
(sleagh, dòrnag, diosgag, òrd)

Obair

1. Faigh a-mach cò na fireannaich agus na boireannaich a bhuannaich buinn òir airson deann-ruith 100m, rèis-chliathan 400m agus rèis-stiopaill 3000m aig Delhi 2010.
2. Dè cho fada, ann an diogan, 's a bha gach neach air thoiseach air an neach a fhuair am bonn airgid?
3. Dèan tuairmse air an luaths chuibheasach aig an robh am fear a fhuair bonn òir airson rèis-stiopaill 3000m a' dol, ann am meatairean gach diog.
4. Dèan postair anns a bheil brataich nàiseanta an t-sianar seo bho cheist 1 a' nochdadh air cuairt-rèisidh mar gun robh iad a' tòiseachadh ann an rèis 800m.
5. Tagh aon de na spòrsan seo – leum-pòla, a' tilgeil dòrnag, a' tilgeil diosgag, a' tilgeil sleagh – agus dèan rannsachadh air. Cuin agus carson a bha sgil mar sin feumail ann toiseach? Cuin a thòisich farpaisean anns na gnìomhan sin? Càit am bi farpaisean mar seo gan cumail an-diugh? Sgrìobh aithisg a fhreagras na ceistean sin. Cuir ann fiosrachadh inntinneach sam bith eile a lorgas tu nad rannsachadh.



Bogsadh



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Education
Scotland
Foghlam Alba

www.storlann.co.uk



Bogsadh



àite: buaile-bogsaidh, 6.10m x 6.10m, le stob anns gach oisean agus 4 ròpan eatarra

amas: buaidh fhaighinn air an fharpaiseach eile le bhith a' faighinn barrachd phuinean thairis air 3 cuairtean a' mairsinn 3 mionaidean an tè.

prìomh riaghailtean: na toir buille fon chrios-mheadhan; na cùm grèim air an fharpaiseach eile

farpaisich ealanta: Kevin Satchell, Stuart Hall, David Price, Ricky Burns, Willie Limond, Lee Selby, Katie Taylor, Claressa Shields

briathrachas: miotagan-bogsaidh; dìon-claiginn; glag; dòrn; buille; dìcheall; cunntadh gu 10; rèitire; britheamhan




Bogsadh

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Dè cho mòr 's a tha buaile-bogsaidh?
(6.10m a leud, 6.10m a dh'fhaid, ceàrnag 6.10m)
2. Cia mheud ròp a tha timcheall air buaile-bogsaidh?
(4)
3. Cia mheud cuairt a tha ann am farpais bogsaidh aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis?
(3)
4. Dè cho fada 's a tha gach cuairt?
(3 mionaidean)
5. Ainmich aon riaghailt ann am bogsadh.
(na toir buille fon chrìos-mheadhan; na cùm grèim air an fharpaiseach eile)
6. Cò bhios a' cumail smachd air an t-sabaid?
(an rèitire)
7. Dè bhios air na farpaisich, a bharrachd air briogais-ghoirid agus lèine?
(miotagan-bogsaidh agus dìon-claiginn)

Obair

1. Tagh 16 dùthchannan/roinnean bho air feadh a' Cho-fhlaitheis airson farpais bogsaidh mas fhìor agus comharraich iad air mapa den t-saoghal.
2. Leig ort gu bheil an fharpais seachad agus dèan diagram a' sealltainn nam maidsean ann am farpais nam fear fo 57cg, anns gach cuairt den fharpais.
3. Mura deach stad a chur air sabaid sam bith, cia mheud mionaid a bha an neach a fhuair am bonn òir a' sabaid uile gu lèir?
4. Cia mheud mionaid de shabaid a bha san fharpais gu lèir? Dè tha sin ann an uairean a thìde?
5. Ma chosg tiogaid airson na farpais gu lèir £27, dè bha neach-amhairc a' pàigheadh sa mhionaid airson an fharpais fhaicinn?
6. Leig ort gu bheil thu nad neach-naidheachd spòrs. Sgrìobh aithris mun fharpais airson làrach-lìn BBC Alba. Dèan postair a' sealltainn cò ris a bhiodh an duilleag coltach.



Saidhcleadh



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Education
Scotland
Foghlam Alba

www.storlann.co.uk



Saidhcleadh

àite: cuairt baidhceadh-beinne, rathaidean a' bhaile, agus ionad-saidhclidh/ bhealadram

amas: an ùine as giorra

prìomh riaghailtean: chan eil geàrr-rathad ceadaichte; fuirich nad shreath fhèin aig toiseach deann-rèis

farpaisich ealanta: Sir Chris Hoy, Bradley Wiggins, Mark Cavendish, Chris Boardman, Graeme Obree, Lizzie Armitstead, Elinor Barker, David Millar, Rochelle Gilmore

briathrachas: baidhsagal; clogaid; cuairt; dòigh; sgioba; taic; cuibhle; tolladh; tubaist; peloton



Saidhcleadh

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Ainmich trì àitean sam bi rèisean baidhsagail gan cumail.
(air cuairt baidhceadh-beinne, air rathaidean, ann an ionad-saidhclidh/bhealadram.)
2. Cò tha a' buannachadh rèis baidhsagail?
(an neach as luaithe)
3. Ainmich aon riaghailt airson saidhcleadh.
(chan eil geàrr-rathad ceadaichte; fuirich nad shreath fhèin aig toiseach deann-rèis)
4. Dè chanas sinn ris a' bhuidheann as motha de dh'fharpaisich ann an rèis saidhcleadh rathaid?
(am peloton)
5. Ainmich neach-baidhsagail a fhuair ridreachd airson na rinn e ann an saidhcleadh.
(Sir Chris Hoy)

Obair

1. Tha cuairt air bhealadram Sir Chris Hoy 250m a dh'fhaid. Cia mheud cuairt a nì farpaiseach ann an rèis 1km?
2. Ma tha rèis rathaid 160km a dh'fhaid, dè an luaths cuibheasach aig farpaiseach a chrìochnaich ann an 3:45.00 (3 uairean agus 45 mionaidean). Inns ann an km san uair, cruinnichte gu dà ionad deicheach.
3. Gus crìochnachadh ann an 3:40.0, dè an luaths cuibheasach a dh'fheumadh e a dhèanamh?
4. Tagh aon de na mòr-bhailtean seo – Glaschu, Delhi, Manchester, Dùn Èideann no Melbourne – agus a' cleachdadh Google maps, dealbhaich cùrsa airson farpais saidhcleadh rathaid anns a' bhaile sin. Bidh e mu 15km a dh'fhaid. Cleachd prìomh shràidean a' bhaile agus feuch gun tèid thu seachad air cuid de na seallaidhean as ainmeil sa bhaile. Taisbean do chùrsa agus fiosrachadh mu na h-àitean ainmeil ann an dòigh tharraingeach.
5. Ann am buidheann, dèan rannsachadh air Sir Chris Hoy. Dèan aithris podcast le vox pops na lùib a dh'inneas carson a tha daoine a' smaoinichadh gu bheil e a' toirt eisimpleir math do dhaoine, sean agus òg.



Hocaidh



www.storlann.co.uk



Hocaidh

àite: pàirc hocaidh 91.4m x 55m le feur fuadain, dà thadhal; loidhne-meadhain, loidhnichean 23m, cearcallan-tadhail, àite breab peanais air a chomharrachadh

amas: barrachd thadhal a chur na an sgioba eile

prìomh riaghailtean: 11 anns gach sgioba; geama 2 leth x 35 mionaidean; na làimhsich agus na breab am ball mura tu an neach-gleidhidh

farpaisich ealanta: Hannah Nicleod; Iain Lewers; Nick Catlin; Paul Martin; Kenny Bain; Linda Clement; Astràilia; Na h-Innseachan; Sealan Nuadh; Sasainn

briathrachas: tadhal; buille shaor; breab peanais; caman; obair-sgioba; innleachd; luaths; sgil; smachd; neart; dìon; cluicheadair-aghaidh/meadhain/cùil; neach-gleidhidh



Hocaidh



Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Dè cho fada 's a tha pàirc hocaoidh Oilimpigeach?
(91.4 m a dh'fhaid)
2. Dè an seòrsa feòir a tha air pàirc hocaoidh Oilimpigeach?
(feur fuadain)
3. Am bi hocaoidh ga chluich le bata?
(Cha bhi, ach le caman)
4. Cia mheud cluicheadair a tha ann an sgioba hocaoidh?
(11)
5. A bheil e ceadaichte do chluicheadair sam bith am ball a bhreabadh?
(direach an neach-gleidhidh)
6. Ainmich trì buadhan a tha cudromach ann an hocaoidh.
(luaths; sgil; smachd; neart)

Obair

1. Can gur e 7.3km an t-astar cuibheasach a ruitheas gach cluicheadair ann an geama hocaoidh.
Dè an t-astar iomlan a ruitheas an sgioba gu lèir ann an geama àbhaisteach?
 2. Dè an luaths cuibheasach aig am bi cluicheadair hocaoidh a' ruith ann an geama slàn, ann am km san uair?
 3. Ma tha cluicheadair-meadhain a' ruith 9km ann an geama agus ma tha neach-gleidhidh a' ruith 2km, inns ann an % dè cho fada 's a tha an cluicheadair-meadhain a' ruith seach an neach-gleidhidh.
 4. Faigh a-mach dè na dùthchannan a bhuannaich buinn ann am farpaisean nam fear agus nam ban aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis ann an Delhi ann an 2010, agus faigh a-mach càit am bi farpaisean hocaoidh gan cluich aig Glaschu 2014. A' cleachdadh an fhiosrachaidh seo, dealbhaich postair gus farpaisean hocaoidh Glaschu 2014 a shanasachd.
- 



Diùdo



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Education
Scotland
Foghlam Alba

www.storlann.co.uk



Diùdo

àite:

raon-farpais co-dhiù 14m x 14m, air a chòmhdach le tatamis no rud coltach ris, sa bheil raon-strì 10m x 10m, agus raon-sàbhailteachd co-dhiù 4m mun cuairt air.

amas:

barrachd phuingean fhaighinn airson ghluasadan an aghaidh an fharpaisich eile.

prìomh riaghailtean:

dèan beic aig an toiseach 's aig an deireadh; na toir breab no dòrn don fharpaiseach eile.

farpaisich ealanta:

Gemma Gibbons; Neil MacDonald; Sarah Adlington; Faith Pitman; Colin Oates; Daniel Williams; Arsen Galstyan; Kim Jae-Bum

briathrachas:

trusgan; bann; ro-innleachd; balans; eu-ceart; bratach; tomhas-tìm; rèitire; britheamhan; beiceil; tilgeil; ionnsaigh; gluasad; peanas



Diùdo




Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Dè cho mòr agus a dh'fheumas raon-farpais diùdo a bhith?
(ceàrnag co-dhiù 14m)
2. Dè am meud a tha san raon-strì?
(ceàrnag 10m)
3. Dè an còmhdach a tha air làr raon diùdo?
(tatami no rud coltach ris)
4. Dè bhios farpaisich a' dèanamh aig toiseach agus deireadh farpais?
(a' beiceil)
5. Am faod farpaiseach breab a thoirt dhan fharpaiseach eile?
(Chan fhaod)
6. Cò am farpaiseach a bhios a' buannachadh?
(am fear a gheibh na puingeas as àirde)
7. Cò bhios a' cumail smachd air farpais?
(rèitire agus britheamhan)

Obair

1. Dèan plana den raon-farpais. Comharraich an raon-strì agus an raon-sàbhailteachd. Cuir na tomhasan ris a' phlana. Dèan rannsachadh gus do chuideachadh.
 2. Obraich a-mach farsaingeachd raon-farpais a tha 14m x 14m.
 3. Ma tha brat tatami 200cm x 100cm, cia mheud brat a bhiodh a dhìth airson an raon-farpais gu lèir a chòmhdach?
 4. Ma tha doimhne 40cm anns gach brat, cia mheud cm³ de thatami a tha air an raon-strì? Dè tha sin ann am m³?
 5. Dèan rannsachadh air diùdo – càit an do thòisich e, dè an fheallsanachd a tha air a chùlaibh, dè na dùthchannan as fheàrr a tha a' dèanamh ann am farpaisean diùdo eadar-nàiseanta...? Taisbean am fiosrachadh ann an dòigh tharraingeach.
 6. Leis an fhiosrachadh sin, dealbhaich postair innleachdach airson farpais diùdo eadar-nàiseanta a' sealltainn raon-farpais, dìthis a' strì ri chèile, agus brataich nan dùthchannan a tha san fharpais.
- 



Bòbhladh lèanaig




Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Education
Scotland
Foghlam Alba

www.storlann.co.uk



Bòbhladh lèanaig

àite:

lèanag bòbhlaidh eadar 31m agus 40m, mar as trice ceàrnag, le clais uile-thimcheall, air a roinn na raointean co-ionann. Tha lèanagan Kelvingrove 38.5m gach taobh.

amas:

bòbhla sa bheil claonadh fhaighinn nas fhaisge air ball beag ris an canar seac na cluicheadair/sgioba eile

prìomh riaghailtean:

feumaidh an claonadh sa bhòbhla a bhith ceart; feumaidh aon chas a bhith air a' bhrat nuair a libhrigeas cluicheadair bòbhla.

farpaisich ealanta:

Margaret Letham; Stewart Anderson; Alex Marshall; Natalie Melmore; Rob Weale; Wayne Perry

briathrachas:

lèanag; bòbhla; seac; claonadh; amais; sgiobair; brat; leig às; libhrig; roilig; ceann; bòbhla marbh; pàidhir; triùir; ceathrar; singilte



Bòbhladh lèanaig



Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Dè an cumadh a tha air lèanaig bòbhlaidh?
(ceàrnag no ceart-cheàrnach)
2. Dè tha timcheall air an lèanaig?
(clais)
3. Saoil carson a tha sin timcheall air an lèanaig?
(airson na bòbhlaichean a ghlacadh)
4. Ciamar a tha bòbhla eadar-dhealaichte bho bhall eile?
(tha claonadh ann)
5. Dè an t-ainm a tha air a' bhall bheag air a bheil cluicheadairean ag amas?
(seac)
6. Ciamar a dh'fheumas cluicheadair seasamh nuair a libhrigeas e bòbhla?
(le aon chas air a' bhrat)
7. Dè chanas tu ri bòbhla a thèid a-mach às an raon bòbhlaidh?
(bòbhla marbh)

Obair

1. Ma dh'fheumas raon bòbhlaidh a bhith eadar 4.3m agus 5.5m a leud, cia mheud raon a ghabhas lèanaig cheàrnagach a tha 32m?
 2. Ma tha farpais a' dol air an lèanaig gu h-àrd eadar sgiobaidhean sa bheil ceathrar, cia mheud sgioba agus cia mheud cluicheadair as urrainn cluich?
 3. Mura biodh ach dàrna leth na lèanaig ga chur gu feum, dè an fharsaingeachd a bhiodh ga chleachdadh?
 4. Ma thèid ceithir geamannan a chluich a mhaireas 15mion, 26mion, 32mion agus 18mion, dè an ùine chuibheasach airson geama?
 5. Dèan rannsachadh air eachdraidh bòbhladh lèanaig agus taisbean am fiosrachadh a lorgas tu ann an dòigh tharraingeach.
 6. Dèan rannsachadh mu fharpais bòbhlaidh Glaschu 2014. Dealbhaich duilleag-lìn airson BBC Alba ag innse mun àite sam bi an fharpais, agus thoir beachd air na sgiobaidhean a dh'fhaodadh buinn a bhuannachadh.
- 



Ball-lìn



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Education
Scotland
Foghlam Alba

www.storlann.co.uk



Ball-lìn

àite: cùirt ball-lìn 30.5m x 15.25m air a roinn na thrìtheamhan, le cearcall meadhain (trast-thomhas 0.9m), leth-chearcallan tadhail (radius 4.9m), agus dà phost tadhail (3.05m a dh'àird) le cearcall (380mm) aig a' mhullach

amas: an àireamh as àirde de thadhail a chur bho thaobh a-staigh cearcall an tadhail

prìomh riaghailtean: dà sgioba de sheachdnar, boireannaich a-mhàin aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis; chan fhaod ach dà chluicheadair anns gach sgioba tadhal a chur; feumaidh iad a bhith taobh a-staigh cearcall an tadhail; chan fhaod cluicheadair suathadh ann an cluicheadair eile gus bacadh a chur oirre.

farpaisich ealanta: Lynsey Gallagher; Paula Griffin; Mo'onia Gerrard; Pamela Cookey; Romelda Aiken; Sealan Nuadh; Astràilia; Sasainn; Iameuga

briathrachas: ruith; leum; tilgeil; breith; lìon; ball; luchd-dìon; tadhal; ionnsaigh; sgòr; luaths



Ball-lìn



Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Cia mheud earrann a tha ann an cùirt ball-lìn?
(3)
2. Dè na cearcallan a tha air an comharrachadh?
(*cearcall meadhain agus dà leth-chearcall tadhail*)
3. Cò bhios a' cluich ball-lìn aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis?
(*boireannaich*)
4. Cia mheud a tha anns gach sgioba?
(7)
5. Cia mheud den sgioba as urrainn tadhal a chur?
(*dithis*)
6. Am faod cluicheadairean bualadh na chèile?
(*Chan fhaod*)
7. An e geama luath no slaodach a th' ann?
(*luath*)

Obair

1. Dèan plana de chùirt ball-lìn, a rèir nan tomhasan san fhiosrachadh. Ma dh'fheumas tu, dèan rannsachadh airson cuideachadh.
 2. Dè cho fada 's a tha taobh a-muigh leth-chearcall tadhail bho phost tadhail?
 3. Dè an cuairt-thomhas aig cùirt ball-lìn?
 4. Dè an fharsaingeachd aig cùirt ball-lìn?
 5. Cha bhi fireannaich a' cluich ball-lìn aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis. Ann am buidheann, dèan rannsachadh agus deasbad air an t-suidheachadh seo. An uair sin dèan aithris naidheachd a' mineachadh an t-suidheachaidh. Bidh agallamhan ann còmhla ri sgoilearan eile sa bhuidheann airson na beachdan acasan a shireadh. Cuir crìoch air an aithris le do bheachd fhèin air an t-slighe air adhart airson ball-lìn aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis.
 6. Dèan rannsachadh air ball-lìn ann an Alba an-diugh. Cruthaich bileag fiosrachaidh a bhrosnaicheas nigheanan ann an Alba gus ball-lìn a chluich.
- 



Rugbaidh sheachdnaran



www.storlann.co.uk



Rugbaidh sheachdnaran

àite: pàirc rugbaidh àbhaisteach; raon cluiche suas gu 100m x 70m, sgìre touch suas gu 22m aig gach ceann, loidhnichean 10m agus 22m, loidhne tadhail agus loidhne ball marbh.

amas: na puingean as àirde fhaighinn bho thràidhean agus bho bhreaban

prìomh riaghailtean: dà leth de 7 mion agus 1 mion eatarra, 10 mion agus 2 mhion ann an cùirt dheireannach; 3 às gach sgioba sa chaiginn; fireannaich a-mhàin aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis

farpaisich ealanta: Maolros; Watsonians; Gala; Alba; Sealan Nuadh; Sasainn; Fidsidh; Astràilia; Afraga a Deas

briathrachas: tràidh; caigeann; breab; tilg; glac; breith air; cuir stad air; breab peanais; ball ugh-chruthach; lùths; neart; luaths; innleachd



Rugbaidh sheachdnaran



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Education
Scotland
Foghlam Alba

www.storlann.co.uk

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Càit am bi rugbaidh sheachdnaran ga chluich?
(air pàirc rugbaidh àbhaisteach)
2. Dè cho leathann 's a tha pàirc rugbaidh?
(suas gu 70m)
3. Dè an cumadh a th' air pàirc rugbaidh?
(ceart-cheàrnach)
4. Cia mheud cluicheadair a tha air a' phàirc aig an aon àm ann an rugbaidh sheachdnaran?
(14)
5. Dè cho fada 's a tha gach leth sa chuairt dheireannaich aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis?
(10 mion)
6. Cia mheud cluicheadair a bhios sa chaiginn, agus dè bhios air cuid aca?
(6, 3 às gach sgioba; currachd)
7. Dè na buadhan a tha feumail do chluicheadair rugbaidh sheachdnaran?
(lùths; neart; luaths; innleachd)

Obair

1. Dèan plana den pàirc rugbaidh as motha a tha ceadaichte, a' cur ann nan tomhasan. Ma dh'fheumas tu, dèan rannsachadh air an eadar-lìon airson cuideachadh.
2. Dè an cuairt-thomhas aig a' phàirc rugbaidh seo?
3. Dè cho fada 's a tha loidhne ball marbh bhon loidhne meadhain?
4. Dè an fharsaingeachd aig an raon cluich?
5. Dèan rannsachadh air eachdraidh rugbaidh sheachdnaran. Dèan leabhran-fiosrachaidh tarraingeach a fhreagras na ceistean seo – Càit an do thòisich e? Ciamar a tha e eadar-dhealaichte bho rugbaidh àbhaisteach? Cò bhios ga chluich? Cuin a thòisich e aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis? Cò na sgiobaidhean as soirbheachaile?
6. Thèid an fharpais rugbaidh sheachdnaran aig Glaschu 2014 a chumail ann an Stadium Ibrox. Dealbhaich postair/duilleag-lìn gus a shanasachd, a' sealltainn far a bheil an stadium agus a' chòmhdhail phoblach a bheir daoine ann.



Losgadh



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Education
Scotland
Foghlam Alba

www.storlann.co.uk



àite: ionad-losgaidh speisealta

amas: na puingeas as àirde fhaighinn bho bhith a' losgadh air targaid no air calmain chrèadha

prìomh riaghailtean: tha ceithir roinnean eadar-dhealaichte ann: gunna-froise, raidhfil làn-tholladh, raidhfil beag-tholladh agus daga; 's e sàbhailteachd am prìomhachas; feumaidh aodach agus uidheam a bhith a rèir nan riaghailtean

farpaisich ealanta: Jonathan Hammond, Jen McIntosh, Alba; Na h-Innseachan; Sasainn; Singapore; Astràilia

briathrachas: sàbhailteachd; riaghailtean; oifigearan; gunna; targaid; calman crèadha; cearcall; gunna-froise; raidhfil làn-tholladh; raidhfil beag-tholladh; daga; cartrids; peilear; peallaid; balans; pongalachd; luaths



Losgadh

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Càit am bi farpaisean losgaidh gan cumail?
(aig ionad-losgaidh speisealta)
2. Dè air a bhios na farpaisich a' losgadh?
(targaidean, no calmain chrèadha)
3. Dè tha a' faighinn prìomhachas ann am farpaisean?
(sàbhailteachd)
4. Ainmich dà sheòrsa inneal-losgaidh a bhios gan cleachdadh.
(gunna-froise; raidhfil làn-tholladh; raidhfil beag-tholladh; daga)
5. Am feum aodach sònraichte a bhith air farpaisich?
(feumaidh, feumaidh e bhith a rèir nan riaghailtean)
6. Ainmich dùthaich bhon taobh siar agus dùthaich bhon taobh sear a tha soirbheachail anns an spòrs seo.
(Alba/Sasainn agus Na h-Innseachan/Singapore/Astràilia)

Obair

1. Ma loisg farpaiseach le raidhfil 5 tursan air targaid 's gun d' fhuair e 7, 1, 6, 8 agus 9 puingean, cia mheud puing a fhuair e gu lèir?
2. Ciamar a b' urrainn dha 36 puingean fhaighinn le 5 còig peilearan? Thoir 3 dòighean.
3. Ma tha 6 farpaisich ann agus 4 cuairtean, agus ma thèid 25 calmain chrèadha a thilgeil airson gach farpaiseach anns gach cuairt, cia mheud calman crèadha a thèid a thilgeil gu lèir?
4. Dèan rannsachadh air losgadh mar spòrs. Ciamar a thòisich e? Carson a bha daoine a' smaoinichadh gun robh feum air? Carson as e 'calmain chrèadha' a th' air na targaidean air am bi iad a' losgadh le gunna-froise? Lìbhrig am fiosrachadh a chruinnicheas tu ann am podcast.
5. Tha laghannan teann timcheall air gunnaichean ann am Breatainn, agus air clubaichean losgaidh. Ann am buidheann, dèan beagan rannsachaidh air a' chuspair seo. An uair sin cùm deasbad air a' mholadh 'Tha clubaichean losgaidh math airson Alba'. Feumaidh sgioba bruidhinn airson a' mholaidh agus sgioba eile na aghaidh.



Sguais



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Education
Scotland
Foghlam Alba

www.storlann.co.uk




Sguais

àite: a-staigh, air cùirt sguais 640cm x 975cm le 4 ballachan, 457cm a dh'àird aig an aghaidh agus 213cm aig a' chùl; bogsaichean seirbhe

amas: am ball a bhualadh ris a' bhalla-aghaidh gus nach tèid aig a' chluicheadair eile air a thilleadh ceart; 11 puingean fhaighinn, agus a' chuid as fheàrr de 5 geamannan

prìomh riaghailtean: airson seirbh, feumaidh aon chas a bhith sa bhogsa-sheirbhe; feumaidh an neach a bhuaileas am ball an uair sin falbh às an rathad air a' chluicheadair eile agus air a' bhall

farpaisich ealanta: Alan Clyne; Greg Lobban; Frania Gillen-Buchert; Lisa Aitken; Nick Matthew; Adrian Grant;



Sguais

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Càit am bi sguais air a chluich?
(a-staigh, air cùirt sguais)
2. Dè cho fada agus dè cho leathann 's a tha cùirt sguais?
(975cm a dh'fhaid, 640cm a leud)
3. A bheil na ballachan nam pàirt den raon-chluich?
(Tha)
4. Cò as àirde – am balla aig an aghaidh no am balla aig a' chùl?
(am balla aig an aghaidh)
5. Ciamar a dh'fheumas cluicheadair seasamh nuair a tha e a' seirbheachadh?
(le aon chas sa bhogsa-sheirbhe)
6. Dè dh'fheumas cluicheadair a dhèanamh nuair a bhuaileas e am ball?
(falbh às an rathad air a' chluicheadair eile agus air a' bhall)
7. Dè na buadhan a dh'fheumas tu airson a bhith math air sguais?
(luaths; lùths; ùine-freagairt luath)

Obair

1. Ma tha làr cùirt shingilte 975cm a dh'fhaid agus 640cm a leud, obraich a-mach cuairt-thomhas an làir.
2. Dè an fharsaingeachd aig an làr ann an cm^2 agus ann am m^2 ?
3. Lorg plana de chùirt sguais shingilte eadar-nàiseanta air an eadar-lìon agus dèan copaidh dheth, a' cur ann nan tommasan.
4. Dè cho mòr 's tha an raon air am feum am ball bualadh nuair a thèid a sheirbheachadh?
5. Tha an raon-cluich air na ballachan cliathaich gu bhith air a pheantadh buidhe. Dè an fharsaingeachd de bhalla a bhios buidhe, ann am m^2 gu dà ionad deiceach?
6. Ann am buidheann, dèan rannsachadh air sguais agus ullach leasaninntinneach a bheir thu seachad do bhuidheann eile sa chlas, no do chlas eile san sgoil. Faodaidh na cinn seo a bhith agad: Eachdraidh a' gheama; Sguais ann an Alba; Na dùthchannan a tha air a bhith soirbheachail aig Gearmannan a' Cho-fhlaitheis; Sgeulachdan annasach mu sguais.



Teanas-bùird



www.storlann.co.uk



Teanas-bùird

àite: a-staigh, air bòrd 2.74m x 1.525m, an t-uachdar 76cm bhon ùrlar, agus loidhne 3mm ga roinn na dhà leth airson gheamannan dùbailte; lìon 15.25cm a dh'àirde tarsainn a' mheadhain

amas: 11 puingean fhaighinn an toiseach, le bhith a' seirbheachadh a' bhuill 's a' cumail a' chluich gus nach urrainn dhan chluicheadair eile a thilleadh; a' chuid as fheàrr de dh'àireamh còrr de gheamannan gus maids a bhuannachadh.

prìomh riaghailtean: feumaidh am ball suidhe ann am bois fhosgailte an t-seirbheir aig toiseach seirbhe; 's e let a th' ann ma shuathas am ball san lìon nuair a thèid a sheirbheachadh.

farpaisich ealanta: Gavin Rungay, Gillian Edwards, Alba; Singapore; Na h-Innseachan; Astràilia; Sasainn

briathrachas: seirbhich; lìon; ragaid; luaths; sgil; ùine-freagairt; railidh; rèitire; leas-rèitire; tilg bonn; ball aotrom; bunsaig; neoni



Teanas-bùird

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Càit am bi teanas-bùird air a chluich ann am farpaisean eadar-nàiseanta?
(a-staigh, air bòrd teanas-bùird)
2. Dè cho àrd 's a tha an t-uachdar-cluich?
(76cm bhon ùrlar)
3. Cò tha a' buannachadh geama?
(An cluicheadair a gheibh 11 puinge an toiseach)
4. Càit am feum am ball a bhith aig toiseach na seirbhe?
(ann am bois fhosgailte an t-seirbheir)
5. Cia mheud geama a dh'fhaodadh a bhith ann am maids?
(3, 5, 7... àireamh chòrr)
6. Dè chanas an rèitire ma bhuaileas am ball san lion nuair a thèid a sheirbheachadh?
(let)
7. Dè chanas tu ri cluich bhon àm a thèid am ball a sheirbheachadh gus an tèid e a-mach?
(railidh)

Obair

1. Nan cuireadh tu 3 bùird teanas-bùird ri taobh a chèile, dè an cumadh a bhiodh air an leacadh, agus dè an leud agus an fhaid a bhiodh air?
2. Nan cuireadh tu 3 eile ris, fear aig ceann gach bùird, dè an cuairt-thomhas a bhiodh air an leacadh?
3. Tha sibh airson club teanas-bùird a thòiseachadh san sgoil. Ann am buidheann, obraich a-mach dè an uidheamachd a dh'fheumadh sibh, dè chosgadh sin, agus dè na cosgaisean eile a bhiodh oirbh.
4. A-nis sgrìobh litir gu Comann na Gàidhlig ag innse dhaibh mun chlub, agus mar a chuireadh e taic ris a' Ghàidhlig san sgoil. Inns dhaibh na cosgaisean a bhiodh na lùib agus faighnich dhaibh am b' urrainn dhaibh taic-airgid a thoirt dhuibh.
5. Dealbhaich fios-naidheachd tarraingeach a thèid air làrach-lìn na sgoile gus innse do dhaoine mun chlub gus an tàladh ann.



Triathlan

snàmh, saidhcleadh
agus ruith



àite: uisge fosgailte agus rathaidean; aig Glaschu 2014, ann am Pàirce Dhùthchail Shrath Chluaidh

amas: an ùine as giorra airson 1,500m a shnàmh ann an uisge fosgailte, an uair sin 40km a dhèanamh air baidhsagal agus 10km a ruith air an rathad.

prìomh riaghailtean: faodaidh farpaiseach buille-snàmh sam bith a chleachdadh; chan fhaod farpaiseach bacadh a chur air farpaiseach eile; faodaidh farpaiseach ruith no coiseachd ach chan fhaod e falbh air a mhàgan

farpaisich ealanta: Alasdair Brownlee; Ionatan Brownlee; Javier Gomez Noya; Nicola Spirig; Lisa Norden; Kerry Nic a' Phì; David McNamee;

briathrachas: snàmh; saidhcleadh; ruith; tràanadh; lùths; luaths; dìcheall; dùbhlán; fallaineachd; sgìths; sgil; fulangas; seasmhachd



Triathlan

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Dè na diofar spòrsan a tha nam pàirt de thriathlan?
(snàmh, saidhcleadh, ruith)
2. Dè a' chiad phàirt dhen triathlan?
(1,500m a' snàmh ann an uisge fosgailte)
3. Càit an tèid an triathlan a chumail aig Glaschu 2014?
(ann am Pàirce Dhùthchail Shrath Chluaidh)
4. Ainmich aon riaghailt a' buntainn ri snàmh.
(faodaidh farpaiseach buille-snàmh sam bith a chleachdadh)
5. Ainmich riaghailt a' buntainn ri na trì spòrsan.
(chan fhaod farpaiseach bacadh a chur air farpaiseach eile)
6. Cò na bràithrean Sasannach a tha nam farpaisich cliùiteach triathlan?
(Alasdair agus Ionatan Brownlee)
7. Ainmich trì buadhan a tha riatanach airson a bhith soirbheachail ann an triathlan
(lùths; luathas; dicheall; sgil; fallaineachd; fulangas; seasmhachd)

Obair

1. Dè an t-astar a nì farpaiseach ann an triathlan slàn?
2. Ma nì farpaiseach an triathlan gu lèir ann an dà uair a thìde (2:00.00), dè an luaths cuibheasach aige ann an cilemeatairean san uair?
3. Nan dèanadh e luaths cuibheasach de 25kmsu, dè an ùine a bheireadh farpaiseach gus crìoch a chur air an triathlan?
4. Ag obair nad aonar no ann am buidheann, dèan rannsachadh air na bràithrean Brownlee. Dèan aithisg airson làrach-lìn na sgoile ag innse mun deidhinn, nuair a bha iad nam balaich òga, a-nis 's iad nan sàr lùth-chleasaichean, agus mu na tha air thoiseach orra a thaobh fharpaisean triathlan.
5. Ann am buidheann, dèanaibh liosta de cheistean a chuireadh sibh air na bràithrean Brownlee nam biodh Gàidhlig aca. An uair sin, dèanaibh dealbh-chluich bheag anns an tig na bràithrean chun na sgoile gus na ceistean agaibh a fhreagairt. Faodaidh sibh sgrìobt a sgrìobhadh no an dealbh-chluich a dhèanamh suas aig an àm.



Badmantan



Badmantan

àite: a-staigh, air cùirt 13.4m x 6.1m air a cur a-mach airson gheamannan singilte agus dhithisean, lion aig àirde 1.524m-1.55m.

amas: 21 puingean fhaighinn, no 2 a bharrachd air an fharpaiseach eile an dèidh 20-20, gus geama a bhuannachadh; 3 geamannan ann am maids.

prìomh riaghailtean: na cuir dàil san t-seirbh/feumaidh an gleicean a bhith fod mheadhan airson seirbh

farpaisich ealanta: Chris Adcock, Imogen Bankier, Li Xueri, Lee Chong Wei, Jan O Jorgensen

briathrachas: gleicean; racaid; luaths; lùths; ro-aithneachadh; railidh; britheamh-seirbhe; umpair; cùirt-seirbhe



Badmantan

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Dè cho leathann 's a tha cùirt badmantan?
(6.1m a leud)
2. Dè cho fada 's a tha cùirt badmantan?
(13.4m a dh'fhaid)
3. Dè cho àrd 's a tha an lìon air cùirt badmantan?
(1.524m-1.55m a dh'àirde)
4. Cia mheud puing a dh'fheumas tu fhaighinn airson geama a bhuannachadh?
(21, no 2 a bharrachd air an neach eile an dèidh 20-20)
5. Cia mheud geama a tha ann am maids?
(3)
6. Dè bhios na cluicheadairean a' cur tarsainn air an lìon?
(gleicean)
7. Ainmich aon riaghailt airson badmantan.
(na cuir dàil san t-seirbh /feumaidh an gleicean a bhith fod mheadhan airson seirbh)

Obair

Seall air http://en.wikipedia.org/wiki/Badminton_at_the_2010_Commonwealth_Games.

1. Cia mheud puing a chuir an tè a ghlèidh farpais shingilte nam ban, bho na cairteal-cuairtean deireannach air adhart? Dè an diofar eadar sin agus na puingean a chuir an tè a fhuair am bonn airgid? Minich ciamar a thachair sin.
2. Cia mheud dùthaich/roinn bhon leth-chruinne a deas a bha air an riochdachadh anns na cairteal-cuairtean deireannach de dh'farpais dhithisean nam fear aig Delhi 2010?
3. Ullaich ceisteachan don chlas ag iarraidh orra tomhas dè as luaithe as urrainn falbh – gleicean badmantan, ball teanas no ball sguais. Dèan fhèin rannsachadh gus am freagairt a lorg. Inns dhaibh dè fhuair thu a-mach, agus cia mheud sa chlas a bha ceart.
4. Dèan postair a' cleachdadh nam bratach aca gus sealltainn mar a chaidh farpais shingilte nam ban bho na cairteal-cuairtean deireannach air adhart aig Delhi 2010.
5. Saoil càit an do thòisich badmantan a bhith ga chluich? Dèan rannsachadh air eachdraidh an spòrs agus taisbean am fiosrachadh a lorgas tu ann an artaigil tarraingeach airson làrach-lìn na sgoile, no ann am podcast.



Gymnastaigs



Gymnastaigs

àite: ionad-gymnastaigs a-staigh, air brat no air uidheam shònraichte

amas: na puingean as àirde airson ghnìomhan gymnastaig

prìomh riaghailtean: chan fhaighear ach aon aoidhirp air gach pìos uidheim; chan fhaighear puingean airson gluasad a dhèanamh dà uair

farpaisich ealanta: Kohei Uchimura; Louis Smith; Max Whitlock; Elizabeth Tweddle

briathrachas: ealanta; ruitheamach; balans; làr; each-cleasachd; cearcallan; croinn cho-shìnte; crann còmhnard; croinn neo-cho-chothromach; maide-balans; maide; car a' mhuiltein; neart; sùbailteachd; gymnast



Gymnastaigs

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Càit am bi farpais gymnastaigs ga cumail?
(a-staigh, ann an ionad-gymnastaigs)
2. Ainmich aon riaghailt airson gymnastaigs.
(chan fhaighear ach aon aoidhirp air gach pios uidheim; chan fhaighear puingean airson gluasad a dhèanamh dà uair)
3. Càit am bi gymnastan a' dèanamh ghniomhan gymnastaig?
(air an làr no air uidheam shònraichte)
4. Ainmich dà phìos uidheim airson gymnastaigs.
(each-cleasachd; cearcallan; croinn cho-shinte; crann còmharnad; croinn neo-cho-chothromach; maide-balans; maide)
5. Ainmich buadhan a tha deatamach airson gymnastaigs.
(neart, balans, sùbailteachd)
6. Bidh dà sheòrsa gymnastaigs aig Glaschu 2014 – dè iad?
(gymnastaigs ealanta agus gymnastaigs ruitheamach)

Obair

1. Tha buidheann sa bheil 12 sgoilearan agus 2 thidsear a' dol gu farpais ullachaidh gymnastaigs ruitheamach. Tha na tiogaidean a' cosg £15, agus £7.50 do sgoilear an. Dè chosg na tiogaidean gu leir?
2. Tha tiogaidean na farpais deireannaich a' cosg £20, agus gheibh sgoilearan tiogaidean aig leth a' phris. Dè chosgadh tiogaidean airson a' bhuidhinn?
3. Bhiodh e ___% na bu daoire a dhol chun na farpais dheireannaich. Lion am beàrn.
4. Thèid farpaisean gymnastaigs Glaschu 2014 a chumail aig àrainn an SECC. Bidh na sgoilearan a' fuireach ann am Bruach Chluaidh. Lorg mapa a' sealltainn far a bheil an SECC agus far a bheil Bruach Chluaidh. Obraich a-mach an dòigh as fheàrr air faighinn chun na farpais air còmhhdail phoblach. Sgrìobh stiùireadh don bhuidheann.
5. Seall air clàr iomlan nam bonn airson gymnastaigs aig http://en.wikipedia.org/wiki/Gymnastics_at_the_2010_Commonwealth_Games agus aig http://en.wikipedia.org/wiki/Gymnastics_at_the_2012_Summer_Olympics. Dè na dùthchannan a tha a' nochdadh anns gach clàr? Dè tha seo ag innse dhuinn? Ann am buidheann, bruidhinn air na dòighean sa bheil Geamannan a' Cho-fhlaitheis eadar-dhealaichte bho na h-Oilimpigs. Dèan liosta de na rudan a thogas sibh.



Togail chuideaman



Togail chuideaman

àite: a-staigh, air àrd-ùrlar 400cm x 400cm x 10cm a dh'airde;

amas: an cuideam as truime air barbell a thogail san earrainn agadsa dhen fharpais

prìomh riaghailtean: tha na farpaisich air an seòrsachadh a rèir cuideam bodhaig; feumaidh farpaiseach an cuideam a thogail agus an uair sin a chumail gun ghluasad gus an tig siognail bho rèitire; tha trì oidhirpean ceadaichte airson gach togail.

farpaisich ealanta: Peter Kirkbride, Georgina Black; Hadiza Zakari; Faavae Faauliuli; Sukhen Dey; Damon Kelly; Christine Girard, Zoe Smith

briathrachas: cuideam; barbell; bàr stàilinn; diosg; coilear; *snatch*; *clean and jerk*; grad-thogail; cuideam bodhaig; rèitirean; cailc; èideadh; neart; cumhachd; dicheall; sùbailteachd; innleachd; balans



Togail chuideaman

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

1. Càit am bi farpaisean togail chuideaman gan cumail?
(*a-staigh, air àrd-ùrlar 400cm x 400cm x 10cm a dh'àirde*)
2. Càit a bheil na cuideaman a' dol?
(*air barbell*)
3. Ciamar a tha na farpaisich air an seòrsachadh?
(*a rèir cuideam bodhaig*)
4. Cò bheir siognail gu bheil an togail soirbheachail?
(*rèitire*)
5. Cia mheud oidhirp a tha ceadaichte airson gach togail?
(*tri*)
6. Ainmich dà fharpaiseach ealanta bhon leth-chruinne a deas.
(*Faavae Faauliuli, Samoa; Damon Kelly, Astràilia*)
7. Ainmich trì buadhan a tha deatamach do neach-togail chuideaman.
(*neart; cumhachd; dicheall; sùbailteachd; innleachd; balans*)

Obair

1. 'S e an cuideam as lugha airson fireannach 26cg, 's e sin bàr 20cg, 2 choilear x 2.5cg, agus 2 dhiosg x 0.5cg. Ma thèid dà dhiosg x 1.25cg a chur ris, dè an cuideam iomlan an uair sin?
2. Ma thog farpaiseach 120cg ann an *snatch* agus 156cg ann an *clean & jerk*, dè an cuideam iomlan a thog e?
3. Ma thog fear a tha 60cg cuideam 90cg, dè an co-mheas eadar cuideam an duine agus an cuideam a thog e?
4. Tagh farpaiseach ealanta agus dèan rannsachadh air/oirre. Cruthaich faidhle fiosrachaidh mu d(h)eidhinn.
5. Seall air http://en.wikipedia.org/wiki/Weightlifting_at_the_2010_Commonwealth_Games agus comharraich na 13 dùthchannan a fhuair bonn air mapa den t-saoghal. Comharraich prìomh-bhaile gach dùthcha cuideachd.
6. Dèan plana airson stòiridh anns a bheil caractar a bhios a' togail chuideaman. Inns mar a tha sin deatamach don sgeulachd.



Garachd



Carachd

àite: a-staigh, air brat 12m x 12m, air a chomharrachadh le cearcall meadhain, raon-carachd meadhanach, raon a-muigh agus raon-dìon, air àrd-ùrlar eadar 110cm agus 50cm

amas: buaidh fhaighinn air an fharpaiseach eile le bhith ga chumail sìos le dhruim air a' bhrat; thèid puingean a bhuannachd agus a chall airson gnìomhan sònraichte.

prìomh riaghailtean: tha na farpaiseach air an seòrsachadh a rèir cuideam bodhaig; tha 2 sheisean de 3 mionaidean ann am maids; chan fhaod stuth olach a bhith air farpaisich; ma chuireas farpaiseach cas san raon-dìon, gheibh am farpaiseach eile puing.

farpaisich ealanta: Azhar Hussain, Pagastan; Suchil Kumar, Na h-Innseachan; Carol Huynh, Canada; Megan Malone, Tony McKenna, Alba

briathrachas: cùm sìos; grèim; guailnean; druim; rèitire; britheamh; cathraiche a' bhrat; fideag; glag; rabhadh; peanas; puingean; èideadh; neart; glac; greimich; tilg sìos; thoir a-nuas; sùbailteachd; innleachd; dòigh; cunnart



Carachd

Cuir na ceistean seo air do charaid: (Fiosrachadh bhon chairt)

- 1) Dè cho mòr 's a tha am brat airson carachd?
(12m x 12m)
- 2) Dè cho àrd agus as urrainn an t-àrd-ùrlar a bhith?
(110 cm a dh'àirde)
- 3) Dè tha gach farpaiseach a' feuchainn ri dhèanamh?
(ri buaidh fhaighinn air an fharpaiseach eile le bhith ga chumail sìos air a' bhrat)
- 4) Dè cho fada 's a tha maids carachd?
(6 mion. 2 sheisean de 3 mionaidean)
- 5) Dè am peanas a th' ann ma chuireas farpaiseach cas san raon-dìon?
(puing dhan fharpaiseach eile)
- 6) Cò às a tha Carol Huynh?
(à Canada)
- 7) Cò na daoine a bhios a' cumail smachd air maids carachd?
(an rèitire, am britheamh agus cathraiche a' bhrat)

Obair

- 1) Ma tha 3 bratan ri taobh a chèile ann am farpais carachd, dè cho fada 's a dh'fheumas an t-àrd-ùrlar a bhith?
- 2) Dè an cuairt-thomhas a th' aig na 3 bratan sin?
- 3) Ma tha an raon-carachd meadhanach aig brat mu 63m², dè am bloigh de fharsaingeachd a' bhrat gu lèir a tha sin?
- 4) Dè an ceudad den bhrat nach eil san raon-carachd mheadhanach?
- 5) Saoil dè cho fada air ais 's a tha carachd a' dol? Dèan rannsachadh agus inns ann am podcast mun rud as sine a lorg thu co-cheangailte ri carachd.
- 6) Ciamar a tha carachd aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis diofraichte bho fharpaisean carachd airson dibhearsain, leithid WWE? Dèan rannsachadh agus sgrìobh aithisg ghoirid.